

23 Ògmhios 2020

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Ghearran 2020, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Bun-sgoil Taigh A' Chladaich, an Sgoil-àraich agus an Ionad Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha obair-sgioba a tha air a stiùireadh gu h-èifeachdach leis a' cheannard, ag adhbharachadh gu bheil dlùth-dhàimhean aca. Tha an ceannard agus an luchd-obrach a' toirt taic do chlann, teaghlaichean agus com-pàrtichean gus a bhith a' faireachdainn gu bheil iad an sàs gu mòr ann am beatha na sgoile.
- Tha oidhirpean a' cheannaird, an luchd-obrach, pàrantan agus clann air leantainn air adhart gu soirbheachail gu bhith a' meudachadh nan àireamhan a tha a' clàradh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.
- Tha a' chlann toilichte agus a' dol an sàs gu math nan ionnsachadh mar thoradh air an tòiseachadh dheimhinneach a tha iad a' faighinn nan cuid ionnsachaidh san Ionad Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-chloinne

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- An curraicealam, ionnsachadh, teagastg agus measadh a thoirt air adhart gus buileachadh agus coileanadh na cloinne a leasachadh thar na sgoile agus thar an t-solair Ghàidhlig.
- Bu chòir don cheannard agus don luchd-obrach leantainn orra a' leasachadh mhodhan-obrach èifeachdach a thaobh bogadh gus tuilleadh àrdachadh a dhèanamh air ìrean fileantachd, ruigsinneachd agus coileanadh chloinne sa Ghàidhlig.
- Astar an atharrachaidd a mheudachadh gus leantainn air adhart ag àrdachadh àrd-mhiannan an luchd-obrach agus an sùileachaidhean a mheudachadh mu nas urrainn dhan chloinn agus dhan sgoil a choileanadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir chomharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Taigh A' Chladaich agus Sgoil-àraich

Comharran càileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
Ceannardas air atharrachadh	math
Ionnsachadh, teagassg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagan) . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
Ceannardas air atharrachadh	math
Ionnsachadh, teagassg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba <https://education.gov.scot/education-scotland/inspection-reports/reports-page/?id=3586>.

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh agus mar sin cha thadhail sinn tuilleadh co-cheangailte ris an sgrùdadadh seo. Innsidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid do phàrantan/luchd-cùram mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca co-cheangailte ri bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu chàileachd a sgoiltean.

Rosalind J Webster
Neach-sgrùdaidh na Banrigh